

Page 1:

Cunntas Bliadhnail  
2018

Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba

Page 2:

Caption:

Luchd-tadhail aig taisbeanadh samhraidh ann an Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, *Rip It Up: The Story of Scottish Pop*.

Page 4:

### **A' sìneadh nas fhaide**

Tha còrr is 3.1 millean neach air tadhal air na taighean-tasgaidh againn, agus cha mhòr 2.2 mhillean air tadhal air Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, agus sinn a-nis mar aon de na prìomh bhuidhnean taigh-tasgaidh a thaobh àireamhan luchd-tadhail san t-saoghal.

Page 5:

Tha bliadhna thrang agus ghnìomhach air a bhith againn. Tha e fa-near gun neartaich agus gun leudaich sinn tursan an luchd-cleachdaidh, gun sgaoil sinn ar cruinneachaidhean cho farsaing 's a ghabhas agus gun leudaich sinn an t-eòlas againn air na nithean a tha fo ar cùram, agus gum faicear seo tron iomadh taobh de ar cuid obrach: pròiseactan calpach, nithean ùra, taisbeanaidhean, gnìomhan ionnsachaidh, prògraman poblach, innleachdas didseatach, sgaoileadh nàiseanta agus rannsachadh acadaimigeach.

An dèidh dhuinn Tasgaidh Ghall-Ghàidhealaibh a cheannach an-uiridh, bha sinn fìor thoilichte na cruinneachaidhean nàiseanta againn a neartachadh le British Aerospace Hawk T1A, a bha a' sgèith roimhe leis na Red Arrows aig Feachd Rìoghail an Adhair (RAF). Chaidh an t-itealan suaicheanta seo, a tha ri fhaicinn aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich, a thoirt seachad mar thabhartas le Ministreachd an Dìon tro RAF Heritage mar chomharra air RAF100 agus tha e air leth tarraingeach do luchd-tadhail an Taigh-tasgaidh a chionn 's gur e an aon Red Arrow Hawk T1A air taisbeanadh poblach san Rìoghachd Aonaichte.

Chuir sinn fàilte air Speuradair le Buidheann Fànais na h-Eòrpa, Tim Peake, do Thaigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, airson taisbeanadh de shoitheach-fànais Soyuz fhoillseachadh anns an do shiubhail e fhèin air ais don Chrìinne mar phàirt de Mhìsean Principia don Stèisean-Fànais Eadar-Nàiseanta ann an 2016. B' e an taisbeanadh seo don Taigh-tasgaidh an aon àite ann an Alba air an turas anns an Rìoghachd Aonaichte.

Tha sinn uabhasach moiteil gu bheil sinn air togail air a' cho-obrachadh le taighean-tasgaidh air feadh Alba agus ga leudachadh tron Ro-innleachd Nàiseanta againn. Tha sinn air cur ris an taic as urrainn dhuinn tairgsinn le bhith a' co-roinn nan cruinneachaidhean agus a' toirt sgilean is eòlais am feabhas tro mhaoineachadh bho chaochladh thùsan. Chuir sinn turas nàiseanta air dòigh ann an 2018 den taisbeanadh *Scotland's Early Silver*, le taic bho The Glenmorangie Company, a thadhail air Caisteal Leòdhais ann an Steòrnabhagh agus Gaileiridhean ùra Chille Chuithbeirt ann an Dùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh.

Bha sinn cuideachd fìor thoilichte gun do dh'aontaich sinn ri com-pàirteachas le Comhairle Dhùn Phrìs is Ghall-Ghàidhealaibh airson cuid de Thasgaidh Ghall-Ghàidhealaibh a thaisbeanadh aig Gaileiridhean Cille Chuithbeirt. Leigidh sin leinn an tasgaidh bharrachd Lochlannach a thaisbeanadh, a cheannaich Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba an-uiridh le taic iomadh neach taic is tabhartais, do mhuinntir na sgìre fad iomadh bliadhna ri teachd.

Chaidh a' chiad taisbeanadh mòr taistealach eadar-nàiseanta againn, *Monkeys! A Primate Story*, fhosgladh aig Taigh-tasgaidh Queensland ann am Brisbane, Astràilia, an dèidh turas soirbheachail aig Institiùd Nàiseanta Beilgeach nan Saidheansan Nàiseanta anns a' Bhrùiseil.

Tha an obair a' leantainn agus a rèir a' bhuidseid is sinn a' cur crìoch air an ìre mu dheireadh de dh'ath-leasachadh Thaigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba luach £80 millean is a mhair 15 bliadhna. Ri linn na h-obrach ath-leasachaidh seo, tha an àireamh de luchd-tadhail don Taigh-tasgaidh air a dhol an àirde trì uiread agus tha e air cliù nàiseanta is eadar-nàiseanta a chosnadh agus chaidh a thaghadh mar an taigh-tasgaidh as fheàrr san Rìoghachd Aonaichte taobh a-muigh Lunnainn le luchd-cleachdaidh TripAdvisor, agus am measg nam fichead as fheàrr san Roinn Eòrpa. Thèid crìoch iomchaidh a chur air a' phròiseact shoirbheachail seo le fosgladh nan trì gaileiridhean mu dheireadh sa Ghearran 2019 stèidhichte air na cruinneachaidhean eadar-nàiseanta againn às an t-Seann Èiphit agus Àisia an Ear.

Cha b' urrainn dhuinn ar cuid amasan a choileanadh às aonais taic fhialaidh an luchd-tabhartais, luchd-taic, nan com-pàirtichean agus an luchd-obrach saor-thoilich againn. Tha sinn fada nan taing airson an taic leantainn air a bheil sinn a' cur luach mòr.

Agus mu dheireadh, bu mhath leinn taing a thoirt don luchd-obrach againn airson an cuid saothrach agus spionnaidh. Cha bhiodh na tha sinn a' dèanamh comasach mura b' e an cuid dealais agus neart.

Bruce Minto OBE, Cathraiche  
Dr Gordon Rintoul CBE, Stiùiriche

Caption:

Speuradair le Buidheann Fànais na h-Eòrpa, Tim Peake, aig foillseachadh taisbeanadh a shoithich-fànais aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Page 6:

663,295 nithean an cruth didseatach  
61,837 tadhalan le sgoiltean is buidhnean  
4,437 nithean air iasad aig 128 làraichean  
283,528 a' gabhail pàirt an gnìomhan ionnsachaidh

Page 7:

3,141,442 tadhalan  
2,223,484 tadhalan làraich-lìn  
173,000 luchd-leantainn air na meadhan-sòisealta

Page 8:

### **Ùr ann an 2018**

Caption:

*Dancing on Tables*, còmhlan-ciùil à Dùn Phàrlain, a' cluich ann an gaileiridh *Energise* aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba mar phàirt de phròiseact le Oilthigh Napier airson òigridh a bhrosnachadh ri linn *Rip It Up: The Story of Scottish Pop*.

Page 9:

### **Leudachadh àireamh luchd-tadhail**

Chunnacas leudachadh a-rithist bliadhna an dèidh bliadhna san àireimh de thursan, agus an àireamh a b' àirde thar nan ceithir taighean-tasgaidh – còrr is 3.14 millean. Chunnacas an àireamh a b' àirde aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Taigh-tasgaidh Nàiseanta a' Chogaidh agus Taigh-tasgaidh Nàiseanta Dùthchail. Chuir Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba fàilte air còrr is 2.18 mhillean luchd-tadhail, agus 's e an t-ionad turais leis an àireamh as motha de thadhalan san Rìoghachd Aonaichte taobh a-muigh Lunnainn. Chunnacas còrr is 78,000 tadhal aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich. Chaidh còrr is 770,000 tadhal a chlàradh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta a' Chogaidh agus cha mhòr 102,000 tadhal aig an Taigh-tasgaidh Nàiseanta Dhùthchail.

### **Taisbeanaidhean tarraingeach**

Chaidh ceud bliadhna bho dheireadh a' Chiad Chogaidh a chomharrachadh le fosgladh *The Poppy: A Symbol of Remembrance* aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta a' Chogaidh. Tha an taisbeanadh a' cnuasachadh tùs ìomhaigh a' chrom-luis dheirg anns an dàn ainmeil, *In Flanders Fields* le Iain MacRath agus mar a ghabhar ris mar shamhla cuimhneachaidh tro

iasadan le Poppy Scotland agus Lady Haig Poppy Factory. Tha eisimpleirean ann bho 1921, nuair a bha a' chiad latha 'poppy' ann am Breatainn ann, agus bho 1926 nuair a chaidh a' chiad fheadhainn a dhèanamh ann an Alba aig an fhactaraidh a chaidh a chur air bhonn an Dùn Èideann leis a' Bhaintighearna Haig.

Bha an taisbeanadh ainmeil *Wildlife Photographer of the Year*, air iasad bho Natural History Museum ann an Lunnainn, a' comharrachadh iomadachd an t-saoghail nàdarra, eadar dealbhan dlùth de bheathaichean agus dealbhan farsaing den àrainneachd. Tha an taisbeanadh stèidhichte air an tachartas dealbhadaireachd as cliùitiche de a sheòrsa, a bhios a' taisbeanadh cuid de na seallaidhean as iongantaise agus as dùbhlanaise anns an t-saoghal nàdarra.

Rinn *Art of Glass* cnuasachadh air obair eadar-mheasgte le 15 luchd-ealain glainne a tha ùr no aithnichte. Chaidh a thaisbeanadh an com-pàirteachas le The National Centre for Craft & Design, agus chunnacas mar a bhios luchd-ealain a' gabhail ri glainne ann an dòighean ùra, agus a' dol an aghaidh a' bheachd nach gabh glainne a chleachdadh ach airson nithean fuincseanach a chruthachadh. Tha luchd-ealain an taisbeanaidh stèidhichte air feadh na Rìoghachd Aonaichte, eadar stiùidiothan iomallach agus àiteachan trang sa bhaile mhòr agus an cuid ealain a' cleachdadh glainne ann an caochladh dhòighean, eadar neon agus glainne dhathte.

Thug a' chiad taisbeanadh air a' chuspair, *Rip It Up: The Story of Scottish Pop*, cha mhòr 500 nì còmhla, agus mòran dhiubh air iasad bho cuid de na h-ainmean as motha ann an ceòl pop Albannach, cho math ri guthan an luchd-ciùil agus an cuid ciùil fhèin. B' e com-pàirteachas mòr a bh' ann le BBC Scotland agus sreath telebhisein is rèidio na lùib. Choisinn an taisbeanadh moladh is cliù ann an clò is craoladh air feadh na RA agus lèirmheasan ceithir is còig rionnagan, agus molaidhean le iomadh neach-ciùil ainmeil a bha air cur ris an taisbeanadh.

Caption:

1 Pilgrim, an iolair-mhaol, agus a làimhsiche aig an taisbeanadh, *Wildlife Photographer of the Year*, mar phàirt de thaisbeanadh sònraichte do na meadhanan.

Page 10:

### **Com-pàirteachas Glenmorangie**

Tha an com-pàirteachas leantainneach againn le The Glenmorangie Company air leigeil leinn am-bliadhna an taisbeanadh *Scotland's Early Silver* a chruthachadh agus a thoirt air turas nàiseanta. Tha toradh a' chom-pàirteachais rannsachaidh innleachdaich fad deich bliadhna ri fhaicinn san taisbeanadh. Tha nithean ùra a chaidh a lorg gan taisbeanadh cho math ri rannsachadh ùr air na cruinneachaidhean a bh' ann cheana, a' sgrùdadh eachdraidh an airgid mar a' phrìomh mheatailt a shònraich inbhe air crìoch nan Ròmanach agus mar a chaidh a chleachdadh às ùr leis na Lochlannaich. Thadhail an taisbeanadh air Caisteal Leòdhais ann an Steòrnabhagh, Gaileiridhean ùra Chill Chuithbeirt ann an Dùn Phrìs is Gall-

Ghàidhealaibh agus Taigh MhicDhuibh ann am Banbh, Siorramachd Obar Dheathain, far am faicear e gus a' Mhàrt 2019.

Tweet?

### **Fios air fèisean**

Bha Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' com-pàirteachadh le iomadh Fèis anns a' bhaile mhòr. Chomharraich sinn an 30mh bliadhna de dh'Fhèis Saidheans Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann anns a' Ghiblean le gnìomhan eadar-obrachail, bùithtean-obrach, taisbeanaidhean is òraidean. Am measg nan tachartasan tarraingeach, bha *Event Horizon*, obair-ealain le balùn mòr anns a' Ghaileiridh Mhòr leis an neach-ealain chliùiteach, Jason Hackenwerth. Chùm an Taigh-tasgaidh an deireadh-seachdain fosglaidh de dh'Fhèis Eadar-nàiseanta na Cloinne ann an Dùn Èideann anns a' Chèitean cuideachd.

Anns an Lùnastal, bha trì seachdainean de cheòl an asgaidh bho Iomall na Fèise stèidhichte air an taisbeanadh samhraidh againn, *Rip It Up: The Story of Scottish Pop*. Thàinig luchd-ciùil bhon chom-pàirtiche againn Live Music Now cuide ri oileanaich is ceumnaichean bho Chùrsa Ceòl Pop aig Oilthigh Napier airson sheataichean de cheòl pop, traidiseanta is Albannach a thaisbeanadh.

Bha tallachan làn againn a-rithist airson tachartasan *Museum After Hours*, anns an robh 39 cuirmean Fringe rim faicinn air trì oidhcheannan Haoine, eadar taisbeanadh iongantach acrobatics agus sia mnathan rìgh Eanruig VIII Shasainn a' seinn mus do dh'fhalbh iad gu West End Lunnainn. Bha 27 làithean de thachartasan brosnachail is eadar-mheasgte ann mar thoradh air a' chom-pàirteachas againn le Gilded Balloon, anns an robh cuirmean math comadaidh, dràma agus do chloinn ann.

Caption:

1 Dr Adrian Maldonado, Neach-rannsachaidh Glenmorangie, aig fosgladh an taisbeanaidh *Scotland's Early Silver* aig Gaileiridhean Chill Chuithbeirt ann an Dùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh.

Page 11:

### **Cothrom ceiste le speuradair**

Anns a' Chèitean, thadhail speuradair le Buidheann Fànais na h-Eòrpa, Tim Peake air Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba airson a shoitheach-fànais Soyuz a thaisbeanadh. Chaidh an soitheach – anns an do thill e gu talamh mar phàirt de *Mhisean Principia* don Stèisean Fànais Eadar-nàiseanta – a thaisbeanadh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba mar phàirt de thuras air feadh na RA. Chuidich sgoilearan bho Bhun-sgoil Dunipace anns an Eaglais Bhric leis an fhoillseachadh, agus fhuair iad cothrom na ceistean aca mu na speuran a chur air an speuradair fhèin.

### **Bliadhna na h-Òigridh**

Thug an taisbeanadh *Rip It Up: The Story of Scottish Pop* cothrom dhuinn com-pàirteachas innleachdach ùr a chur air bhonn le Sgoil nan Ealain agus nan Gnìomhachasan Cruthachail aig Oilthigh Napier. Chaidh iarraidh air buidheann de dh'oileanaich an taisbeanadh a mholadh do bhuidheann de an co-aoisean. Dh'ullaich iad *Future Features*, anns an deach luchd-ciùil òg fhilmeadh ann an Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, a' cluich agus ann an agallamh mu an cuid bheachdan air ceòl pop na h-Alba. Chaidh toradh na h-obrach a chleachdadh ann an sanasachd dhìseatach is air na meadhanan sòisealta fhad 's a bha an taisbeanadh a' dol, agus ràinig an iomairt còrr is 66,000 daoine.

Tweets:

Captions:

2 Talla Ioma-làn aig Museum After Hours anns a' Ghaileiridh Mhòr

3 Tim Peake agus an seisean ceiste le sgoilearan Bhun-sgoil Dunipace, An Eaglais Bhreac.

Page 12:

### **Air feadh na dùthcha**

Tha ar cuid dealais airson buaidh a thoirt taobh a-muigh nan taighean-tasgaidh ga shìor-choileanadh tron Ro-innleachd Nàiseanta.

Chaidh a' phrìomh obair nàiseanta againn – 's e sin iasadan, tursan taisbeanadh agus leasachadh sgìlean cruinneachaidh airson thaighean-tasgaidh air feadh Alba – a neartachadh am-bliadhna le prògram gnìomha stèidhichte air cuspairean ann an dà ghaileiridh ùr aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba: an t-seann Èiphit agus Àisia an Ear. Le taic a' Chrannchair Nàiseanta tro Mhaoin Dhualchais a' Chrannchair, tha sinn air a bhith a' com-pàirteachadh le trì taighean-tasgaidh, gan cuideachadh is iad ag ath-sgrùdadh agus a' foillseachadh na tha sna cruinneachaidhean Àisianach an Ear aca fhèin. Chaidh ròb tearc Coirèanach bhon 19mh linn a lorg aig Taigh-tasgaidh is Gaileiridh Ealain Pheairt. Bha an sgioba ionnsachaidh aca, le taic neach-ealain, ag obair cuide ri caochladh bhuidhnean ionadail airson ròb coimhearsnachd a dhealbhadh is a sgeadachadh. Ghabh còrr is 100 neach an sàs ann, cuid aca nach do thadhail air an taigh-tasgaidh a-riamh roimhe. Cha an dà ròb a thaisbeanadh mar phàirt den taisbeanadh, *Dress to Impress*, a thaisbean nithean bho na cruinneachaidhean nàiseanta is ionadail às na cultaran Àisianach ann an Coirèa, Iapan agus Sìona.

Tweets:

Caption:

1 Sgoilear bho Àrd-sgoil Pheairt a' taisbeanadh an ròb choimhearsnachd a dhealbh i le càch mar phàirt den taisbeanadh, *Dress to Impress*, aig Taigh-tasgaidh is Gaileiridh Ealain Pheairt.

Page 14:

### **An Ro-innleachd Nàiseanta an gnìomh**

Rinn sinn na leanas air feadh Alba an 2017-18:

Chaidh co-dhiù aon phuing on Phrògram Nàiseanta a chur an gnìomh **anns na 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba.**

**Chumadh taic ri 115 taighean-tasgaidh** tro thrèanadh, iasadan, seilbh ùr, tursan is pròiseactan coimhearsnachd.

Ghabh 24,977 daoine an sàs tro phrògraman coimhearsnachd taobh a-muigh nan taighean-tasgaidh againn.

Caption:

Craig Mac na Ceàrdaich, Neach-taice Saidheans - Com-pàirteachadh is Coimhearsnachd, le bùth-obrach STEM aig Bun-sgoil Naoimh Phàdraig, Dùn Breatainn, mar phàirt den phròiseact, *Powering up*.

Page 15:

Thadhail 23,279 daoine air an taisbeanadh Fossil Hunters agus **àrdachadh de 30% de luchd-tadhail sa chumantas** thar còig ionadan.

**Chumadh taic le ceannach 48 nithean ùra** tron Mhaoin Nàiseanta airson Seilbh Ùr agus iomlan de **£367,740** ann, a chuir ris na cruinneachaidhean aig 29 buidhnean ann an 17 ùghdarrasan ionadail air feadh Alba.

**Thugadh 3,895 nithean air iasad do 107 buidhnean** air feadh Alba, agus iasadan gu **15 làraichean ùra.**

**Ghabh 1,623 daoine pàirt** ann an 60 bùth-obrach air cumhachd ath-nuadhachail, tron phrògram nàiseanta *Powering Up* air a mhaoineachadh le ScottishPower.

Chaidh 377 cothroman trèanaidh a libhrigeadh gu 75 buidhnean.

Page 16:

### **Co-obrachadh eadar-nàiseanta**

#### **Turas nam muncaidhean**

Tha a' chiad phrìomh thaisbeanadh a chruthaich Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba airson taisbeanadh thall thairis, *Monkeys! A Primate Story*, a' tarraing luchd-tadhail air feadh an t-saoghail. Tha 60 closach lìonta is cnàmharlach ùra iongantach de mhuncaidhean, apaichean is lìomaran ann, cho math ri taisbeanaidhean eadar-obrachail, filmichean, modalan agus dealbhan sònraichte. Chunnaic còrr is 115,000 luchd-tadhail aig Institiùd Rìoghail Saidheans Nàdarra na Beilge anns a' Bhruiseil an taisbeanadh nuair a bha e ann fad 10 mìosan. Stad e an uair sin aig Taigh-tasgaidh Queensland ann am Brisbane, Astràilia, far an do dh'fhosgail e san t-Sultain 2018, mus tèid e air adhart gu Museu de les Ciències Naturals ann am Barcelona ann an 2019.

Caption:

An taisbeanadh taistealach, *Monkeys! A Primate Story*, aig Institiùd Rìoghail Saidheans Nàdarra na Beilge anns a' Bhruiseil.

Page 17:

### **Air tòir an òir**

Fhuair sinn maoinachadh, an com-pàirteachas le ar caraidean aig Taighean-tasgaidh Nàiseanta na Cuimrigh, bho Chomhairle Rannsachaidh nan Ealain is nan Daonnachdan, airson lìonra rannsachaidh eadar-nàiseanta a chur air bhonn airson òr ann am Breatainn ro-eachdraidheil a rannsachadh. Tha an lìonra a' tarraing àrc-eòlaichean, eòlaichean meatailt arsaidh, clach-eòlaichean, geo-cheimigearan, agus luchd-obrach òir còmhla airson barrachd ionnsachadh mu na dòighean a chaidh òr a lorg, ciamar a rinneadh nithean òir agus ciamar a chaidh na sgilean mèinnearachd is obrachaidh aiseag do dhaoine is ginealaichean ùra.

### **Co-labhairt ICOM**

Thàinig còrr is 85 riochdairean bho thaighean-tasgaidh air feadh na cruinne cruinn còmhla aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba airson *Working Locally, Thinking Globally*, an t-siathamh co-labhairt *Working Internationally*, air a h-eagrachadh le International Council of Museums (ICOM UK) agus National Museums Directors' Council (NMDC). Chuir Fiona Hyslop, Rùnaire Caibineit a' Chultair, na Turasachd is Chùisean Taoibh A-muigh, fàilte air muinntir na co-labhairt agus thug i prìomh òraid seachad. Bha a' cho-labhairt, le taic Chomhairle Bhreatainn, stèidhichte air ciamar as urrainn do thaighean-tasgaidh com-pàirteachadh gu h-èifeachdach gu h-eadar-nàiseanta, agus iad iomchaidh fhathast do luchd-cleachdaidh nàiseanta is eadar-nàiseanta.

### **An Stèidheachd Ameireaganach airson Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba**

Bidh an Stèidheachd Ameireaganach airson Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba a' toirt seachad taic riatanach airson ar cuid obrach a choileanadh. Ann an 2017, thog an Stèidheachd Ameireaganach maoinachadh a chùm taic ris an obair ath-dhealbhadh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, ri seilbh fhaighinn air cruinneachaidhean a leithid



Tasgaidh Ghall-Ghàidhealaibh, agus ri pròiseactan rannsachaidh cudromach ùr ann an ealain is àrc-eòlas. Chaidh prògram ùr US Patrons a chur air bhonn gu soirbheachail anns an Ògmhios 2018 aig cuirm ann an New York aig an robh còrr is 40 caraid is luchd-taic na Stèidheachd Ameireaganaich.

Caption:

1 Ulaidh fuilt an riochd basgaid. Chaidh a dhà dhiubh a lorg ann an uaigh bho Linn Thràth an Umha ann an Orbliston, Moireibh, agus tha i air aon de na prìomh nithean a thathar a' rannsachadh an lùib pròiseact eadar-nàiseanta an òir.

Page 18:

## A' leudachadh cothroman cleachdaidh

### Com-pàirteachadh STEM

'S urrainnear ceanglaichean cudromach a dhèanamh eadar am mòr-shluagh agus Saidheans, Teicneolas, Innleadaireachd agus Matamataig (STEM) stèidhichte air beairteas nan cruinneachaidhean Saidheans is Teicneolais againn. Tha STEM na phrìomhachas aig Riaghaltas na h-Alba agus a' ghnìomhachas agus tha cuid mhòr de na h-iomairtean foghlaim againn stèidhichte air is sinn airson clann agus òigridh a thighinn an sàs ann an gnìomhan ionnsachaidh STEM anns a h-uile taigh-tasgaidh againn.

Lìbhrig sinn gnìomhan STEM tron phrògram sgoiltean agus dòighean didseatach againn tro *Powering Up*, pròiseact a th' air a mhaoineachadh le ScottishPower Foundation gus an tigeadh luchd-cleachdaidh taobh a-muigh nan taighean-tasgaidh an sàs. Am-bliadhna, chuir sinn com-pàirteachas ùr air bhonn le Taigh-tasgaidh Mèinnearachd Nàiseanta na h-Alba, Làrach Dualchas na Cruinne aig New Lanark, agus Denny Ship Model Experiment Tank, mar làraichean airson a' phrògram coimhearsnachd againn. Thadhail cha mhòr 500 sgoilear bun-sgoile à Meadhan Lodainn, Siorrachd Lannraig a Deas agus Siorrachd Dhùn Breatainn an Iar, air an taigh-tasgaidh ionadail airson ionnsachadh mu chumhachd na gaoithe, na grèine agus an uisge, agus chuireadh crìoch air a' phrògram le turas gu gaileiridh *Energise* aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

### Museum Socials

Tha na tachartasan mìosail againn airson a h-uile duine air a bheil dementia agus an luchd-dàimh is an caraidean a' sìor-dhol am meud. 'S e tachartasan sìtheil, neo-fhoirmeil a th' anns na seiseanan *Museum Socials*, a tha air còrr is 250 daoine a thàladh, agus anns a bheil measgachadh de gnìomhan stèidhichte air na cruinneachaidhean againn agus far am faighear tì is cèicean am pailteas. Bha seisean ann co-cheangailte ri *Rip It Up: The Story of Scottish Pop* le luchd-ciùil bho Live Music Now Scotland.

Caption: 1 Luchd-tadhail an sàs ann an seisean *Museum Socials*.

Page 19:

Caption: 2 Turas didseatach ann an Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba le Museum View aig Google Arts & Culture.

### Google Museum View

'S e Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' chiad ghaileiridh no taigh-tasgaidh ann an Alba as urrainnear siubhal air-loidhne tro Museum View aig Google Arts & Culture. Chaidh gaileiridhean an taigh-tasgaidh a ghlacadh ann an cruth didseatach aig ìre àrd an com-pàirteachas le Google Arts & Culture, a bhios ag obair cuide ri ionadan air feadh an t-saoghail airson ionadan is nithean eachdraidheil is cultarail a chur air-loidhne. 'S urrainn do luchd-cleachdaidh siubhal tro ghaileiridhean an Taigh-tasgaidh agus mu 20,000 nì fhaicinn a tha gan taisbeanadh. A thuilleadh air na gaileiridhean a dhèanamh follaiseach don a h-uile duine air an eadar-lìon, chuireadh còrr is 1,000 nì agus an cuid eachdraidh bhon chruinneachadh againn ri cruinneachadh lìn Google Arts & Culture.

### Fosgladh nas fhaide

Bidh na tachartasan *Early Doors* a' leigeil le cloinn air a bheil autism agus an teaghlaichean gaileiridhean, taisbeanaidhean is tachartasan fhaicinn taobh a-muigh uairean-fosglaidh Thaigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Ghabh 150 daoine pàirt ann an tachartasan teaghlaich anns na gaileiridhean *Exploring East Asia* agus *Ancient Egypt Rediscovered*. Fhuair eadh cothrom cuideachd an taisbeanadh *Scotland's Early Silver* agus gaileiridh an t-saoghail nàdarra fhaicinn a bha stèidhichte air an taisbeanadh *Wildlife Photographer of the Year*.

### A' cur eòlas air Myrtle

Tha ball ùr ann de sgioba an Taigh-tasgaidh Nàiseanta Dhùthchail. Tha bò bhainne fhuadain ann a-nis a leigeas le luchd-tadhail an cuid sgilean bleoghainn a chur gu feum. Tha i air a sgeadachadh ann an comharraidhean geal is ruadh an treud shoirbheachail againn de chrodh Shiorrachd Àir agus dh'iarr sinn air ar luchd-leantainn air Facebook agus Twitter ainm a chur oirre. Bha iad a' dol gu h-aona-ghuthach leis an ainm Myrtle agus tha fèill mhòr oirre am measg muinntir an taigh-tasgaidh.

Tweet:

Page 20:

Captions:

1 Aonad-ionnlaid tearc bho 1917 le Charles Rennie Mackintosh.

- 2 Sgìthean fiodha Sneachda le Lonely Mountain Skis ann am Braonan, Siorrachd Pheairt le dealbh loisgte de dhaimh, 2018.

Heading:

**A' cur ris a' chruinneachadh**

### **Red Arrows Hawk**

Tha an Hawk T1A le British Aerospace air cur gu mòr ris a' chruinneachadh itealan. 'S e an Hawk, a bha mar phàirt de sgioba Red Arrows an RAF, an t-aon Hawk le sgioba Red Arrows a th' air a thaisbeanadh ann an taigh-tasgaidh san Rìoghachd Aonaichte. Thug Ministreachd an Dìona an t-itealan seachad tro RAF Heritage agus tha e air taisbeanadh buan aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich. Chaidh a thogail ann an 1980 agus bha e air a chleachdadh leis na Red Arrows eadar 1985 agus 2012. Tha e ri fhaicinn ri taobh Concorde, leis an do rinn e taisbeanaidhean iomadh turas, mar a rinn nuair a sgèith Concorde agus na Red Arrows ann an òrdugh os cionn Dhùn Èideann air 1 Iuchar 1999 airson fosgladh Phàrlamaid na h-Alba a chomharrachadh. 'S e an Hawk seo an dearbh itealan a stiùirich ceannard an sgioba, 'Red 1', Wing Commander Simon Meade, air an latha sin, agus chuir e eòlas às ùr air nuair a chaidh a thaisbeanadh.

### **Aonad-ionnlaid Mhic an Tòisich**

Tha sinn air aonad-ionnlaid tearc agus cudromach le Charles Rennie Mackintosh a cheannach le taic fhialaidh Art Fund agus Urras Carthannach Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba. 'S e eisimpleir fìor chudromach a th' ann de dh'ealain Albannach an 20mh linn agus chaidh an obair ealain a chur ris na taisbeanaidhean buan aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba airson 150 bliadhna bhon a rugadh Mac an Tòisich a chomharrachadh. 'S e pàirt de sheata seòmair-cadail a th' ann, dèanta le mahogany agus sgeadaichte le slige-neamhnaid. Chaidh a dhèanamh ann an 1917 le saor caibineit sgileil aig Campa Prìosain Knockaloe ann an Eilean Mhanainn agus 's e eisimpleir thearc de dh'obair anmoch Mhic an Tòisich.

### **A' cruinneachadh nithean an latha an-diugh**

Chaidh Cruinneachaidhean Nàiseanta na h-Alba a chur ri chèile thar nan ceudan de bhliadhnaichean. Tha dleasan againne do luchd-gleidhidh an ama ri teachd, dìreach mar a rinn luchd-gleidhidh nan làithean a dh'fhalbh a chruinnich nithean a riochdaich an t-àm anns an robh iad fhèin beò, airson nithean a thrusadh anns am faicear atharrachaidhean poiliteach, cultarail is sòisealta an 21a linn. Am-bliadhna, chuir sinn fàilte air nì ùr sa chruinneachadh againn Saidheans is Teicneolas – aon de na nithean as motha againn o chionn beagan bhliadhnaichean – ceann lasair bho chrann-ola Murchison a chaidh a dhùnadh o chionn ghoirid. Anns a' chruinneachadh againn Eachdraidh is Àrc-eòlas na h-Alba, fhuair sinn paidhir sgìthean Sneachda agus sanas-rathaid Gàidhlig-Beurla bhon Eilean Sgitheanach.

Page 21:

Caption: Oifigear Itealaich Scott Bagshaw bhon RAF a' deisealachadh Red Arrow Hawk T1A airson a thaisbeanadh don mhòr-shluagh.

Page 22:

Caption: Mumaidh fir ga ghlèidheadh gu cùramach mus rachadh a thaisbeanadh sa ghaileiridh ùr *Ancient Egypt Rediscovered*.

Heading:

### **Air cùlaibh taisbeanaidhean an taigh-tasgaidh**

Page 23:

### **Stiùidiothan gleidhidh ùra**

Tha e riatanach airson an lèirsinn ro-innleachdach a lìbhrigeadh gun lean Ionad Cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta air is e a' dol am meud mar ionad beothail airson cruinneachaidhean a chleachdadh, a rannsachadh, a dhìon agus a ghlèidheadh san àm ri teachd. Dh'fhosgail sinn pàirt ùr den ghoireas ghlèidhidh is saidheans againn luach £3.4 millean, a leigeas leinn ar comas gleidhidh, rannsachaidh is ullachaidh a thoirt am feabhas airson thaisbeanaidhean is phròiseactan iasaid cho math ris a' phrògram taisbeanaidh nàiseanta is eadar-nàiseanta a tha a' dol am meud.

### **Luchd saor-thoileach**

Tha saor-thoilich air a bhith cudromach o chionn fhada agus tha sinn a' cur luach nan cuid oidhirpean aig Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba airson an cuid ùine is dealais a chuireas ri ar n-obair fhèin agus airson an eòlais agus nam beachdan ùra a bheir iad dhuinn. Anns a' bhliadhna a chaidh seachad, chùm am Prògram Shaor-thoileach againn taic ri còrr is 450 daoine le caochladh chothroman thar na buidhne. Bhathar ag amas am-bliadhna air cleachdadh nan cruinneachaidhean a leudachadh is sinn a' toirt nan tursan treòraichte againn am meud. Bha an Treòraiche Saor-thoileach a b' òige againn a-riamh, a tha 17 bliadhna a dh'aois, a' stiùireadh luchd-tadhail aig an Taigh-tasgaidh Nàiseanta tron Ghàidhlig agus chaidh trìuir Treòraichean Saor-thoileach le Cànan Soidhnidh Bhreatainn a thrèanadh.

### **Seasmhachd nas fheàrr**

Tha sinn fìor mhoiteil gu bheil sinn air Comharraidhean Turasachd Uaine a ghleidheadh anns gach taigh-tasgaidh againn, agus an Taigh-tasgaidh Nàiseanta Dùthchail agus Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich a' cosnadh Comharra Òir am-bliadhna. Tha ar cuid obrach a' leantainn airson an làrach carboin againn a lùghdachadh is sinn a' cur solais is innealan ùra LED an sàs, cho math ri sgrùdaidhean tro innealan-tomhais cumhachd agus ag ùrachadh fhionnaradairean le uidheam ùr èifeachdach a dh'adhbharaich lùghdachadh de 1000 tunna de CO<sub>2</sub> bhon an-uiridh.

### **A' gleidheadh bith-eòlais airson an ama ri teachd**

Tha an cruinneachadh againn de stuth-cealla bheathaichean reòite air a bhith riatanach airson ionad Breatannach a stèidheachadh far an urrainn do luchd-rannsachaidh DNA a thoirt à ceallan bheathaichean airson a rannsachadh agus airson obair gleidhidh a dhealbhadh. Bidh am pròiseact CryoArks, le taic maoineachaidh bho Biotechnology & Biological Sciences Research Council, a' cruthachadh stòr-dàta air-loidhne de shampallan cheallan, a' leasachadh ìre choitcheann airson an tasgadh agus a' liubhairt chothroman airson rannsachadh coimeasach. Thèid reothadair -80°C a chur air dòigh aig Ionad Cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta airson iomadh mìle sampall a ghleidheadh agus seòrsachan ann an cunnart nam measg a leithid sròn-adharcach Shumàtra agus Kloss' gibbon.

Captions:

- 1 Prìomh ghlèidheadair, Dr Andrew Kitchener a' sgrùdadh shampallan cheallan airson an stòr-dàta air-loidhne, CryoArks.
- 2 Oileanach glèidhteachais, Amreet Kular agus neach-gleidhidh, Charles Stable ag obair anns na stiùidiothan gleidhidh ùra aig Ionad Cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta.

Page 24:

### **An t-àm ri teachd**

#### **Adhbhar gàirdeachais**

Anns a' Ghearran 2019, bidh sinn a' fosgladh nan gaileiridhean ùra mu dheireadh anns a' phròiseact ath-dhealbhadh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a mhair 15 bliadhna is a chosg £80 millean. Thèid trì gaileiridhean gu tur ùr fhoillseachadh aig an ìre dheireannaich seo den obair far am faicear mìneachaidhean inntinneach is brosnachail de na cruinneachaidhean Èipheiteach, Àisianach an Ear agus bathar-criadh cho math ri prògram nàiseanta de dh'obair co-cheangailte riutha.

Leigidh na gaileiridhean ùra leinn tuilleadh nithean cudromach a thaisbeanadh – bidh còrr is 40% de na nithean gan taisbeanadh airson a' chiad uair fad ginealaich – agus cuiridh seo ri tursan an luchd-tadhail don taigh-tasgaidh agus bidh farsaingeachd shlàn ar cruinneachaidhean ga riochdachadh airson a' chiad uair bho 2004 nuair a thòisich an obair ath-nuadhachaidh.

Tha an obair seo air aithne nàiseanta is eadar-nàiseanta adhbharachadh airson an Taigh-tasgaidh Nàiseanta agus tha àireamhan frithealaidh air a dhol am meud trì uiread agus e anis anns na 30 taighean-tasgaidh as motha san t-saoghal a thaobh àireamhan luchd-tadhail. Chaidh am pròiseact gu lèir a libhrigeadh a rèir a' chlàir-ama agus a' bhuidseit.

### **Tha an t-àm againn èirigh**

Tha obair dealbhaidh air tòiseachadh airson na h-ath ìre leasachaidh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich, far an tèid talla-itealain gu tur ùr a thogail air talamh ri taobh an Taigh-tasgaidh aig Raon-laighe East Fortune. Tha an togalach ùr riatanach is leigidh e leinn itealain eachdraidheil a dhìon a th' ann an cunnart ron t-sìde a-muigh. Bidh e na dhachaigh bhuan cuideachd airson an itealain as ainmeile fo chùram an Taigh-tasgaidh, Concorde na h-Alba, agus bheir e cothrom dhuinn tursan an luchd-tadhail a neartachadh gu mòr is sinn a' togail slighe ùr a-steach agus ghoireasan poblach nas fheàrr.

'S e seo an ath cheum ann an leasachadh an Taigh-tasgaidh, a thòisich nuair a thàinig Concorde ann an 2004. Chaidh mòran maoineachaidh a rèiteachadh aig an ionad o chionn beagan bhliadhnaichean agus chaidh taisbeanaidhean ùra a dhealbhadh ann an 2009 agus chunnacas ùrachadh is ath-thaisbeanadh dà thalla-itealain on Dàrna Cogadh ann an 2016.

Caption:

1 Àrd-ghleidheadair, Dr Rosina Buckland, ag ullachadh guginbok ùr, èideadh airson oifigeach cùirte bhon 18mh is an 19mh linn a thèid taisbeanadh anns a' ghaileiridh ùr, *Exploring East Asia*.

Page 26:

### **Buidheachas**

Cha bhiodh ar cuid obrach comasach mura b' e an luchd-taic againn a tha fìor dhealasach mu na taighean-tasgaidh againn. Bidh na Buill, Luchd-taic is Luchd-tabhartais againn agus na daoine a bhios gar cumail nar cuimhne nan cuid thiomnaidhean, a' leigeil leinn na nithean iongantach fo ar cùram a ghleidheadh agus an cuid sgeulachdan fhoillseachadh do mhilleanan de dhaoine a h-uile bliadhna. Ann an 2017, thug ar luchd-cuideachaidh dhuinn

taic airson ulaidhean iongantach a shàbhaladh airson na dùthcha, obair ghleidhidh fhinealta is rannsachadh inntinneach a ghabhail os làimh, agus cothrom a thoirt do mhilleanan de dhaoine eòlas a chur air cruinneachaidhean nàiseanta na h-Alba. Tha sinn fada nur comain.

### **An luchd-taic againn ann an 2017/18**

#### **Prìomh Bhuidhnean-maoineachaidh**

An Crannchar Nàiseanta,  
tro Mhaoin Dualchais a' Chrannchair  
Riaghaltas na h-Alba

#### **Buill Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba**

#### **Urrasan agus Buidhnean Eile**

Antiquarian Horological Society Art Fund  
Arts & Business Scotland  
The Binks Trust  
Edinburgh Decorative & Fine Arts Society  
Enterprise Holdings Foundation  
Esmée Fairbairn Foundation  
The Fan Circle International  
Garfield Weston Foundation  
The Henry Moore Foundation  
Jean agus Roger Miller's Charitable Trust  
Mrs K M F Maxwell-Stuart's Charitable Trust  
Mrs J M F Fraser's Charitable Trust  
National Heritage Memorial Fund  
National Museums Scotland Charitable Trust  
The Norfolk Caledonian Society  
Players of People's Postcode Lottery  
Robert O Curle Charitable Trust  
The Ross Girls Charitable Trust  
Scottish Egyptian Archaeological Trust  
ScottishPower Foundation  
Sir James Miller Edinburgh Trust  
The John Ellerman Foundation  
The Margaret Murdoch Charitable Trust  
The Misses Barrie Charitable Trust  
The Pilgrim Trust  
The Robertson Trust  
The Sir Victor Sassoon Chinese Ivories Trust  
The Tekoa Trust  
The Tulip Charitable Trust  
The Worshipful Company of Weavers William Grant Foundation

**Daoine fa leth agus Dìleaban**

Sir Sandy agus Baintighearna Crombie  
Ban-diùc Hamilton Norma Drummond  
Sir Angus agus Baintighearna Grossart  
Sir Mark Jones  
Caroline Macintyre  
Emmanuelle Riehl  
Leith agus Maureen Robertson  
Cyrille Rollin  
The Thomas Family  
The Estate of John Mitchell  
The Estate of Mary Elizabeth McArthur  
James Thomson

Page 27:

Caption:

Eun-creachaidh aig tachartas Country Fair aig an Taigh-tasgaidh Nàiseanta Dhùthchail.

**Corporra**

Allander Print Ltd  
Artemis Investment Management LLP Baillie Gifford & Co  
Brewin Dolphin Ltd  
Dalradian Gold Ltd  
Diageo  
The Glenmorangie Company Ltd Morton Ward  
Shepherd + Wedderburn  
Stewart Investors

**Stèidheachd Ameireaganach Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba**

Kate agus Gordon Baty  
Prudence Carlson agus a teaghlach  
Dan Casey agus Dolores Connolly  
The Decorative Arts Trust  
Howard agus Ursula Dubin Foundation  
Gail T Kerr *mar chuimhneachan air David Kerr*  
James B Luke  
William C MacLeod  
Professor Robert McCrie agus Mrs Fulvia McCrie  
James McLennan  
The Negaunee Foundation  
Professor Stephen Thomas agus Mrs Ellen Thomas  
Jane Trevarthen-Traub  
K T Wiedemann Foundation, Inc.



## **Luchd-taic**

Alan agus Karen Aitchison  
Geoffrey agus Mary Ball  
Patricia Barclay  
Malcolm Bowie  
Mary Bownes agus Mike Greaves  
Richard agus Catherine Burns  
Morair agus Baintighearna Camshron à Loch Braoin  
Corinne Cervetti agus Adam Fowler  
Carol Colburn Grigor CBE  
Colin Dempster agus Deborah Thomson  
Janice Dickson  
Cahal Dowds  
Sir David agus Baintighearna Edward  
Sir Gerald agus Baintighearna Elliot  
Nick Felisiak  
James Ferguson  
Mr Justice Angus Foster agus Dr Fiona Foster  
Sir Charles agus Baintighearna Fraser  
Gavin agus Kate Gemmell  
Kenneth agus Julia Greig  
Morair agus Baintighearna Gòrdan à Srath Bhlàthain  
Ronald agus Mirren Graham  
Baintighearna Grant  
Alexander Gray  
Donald Hardie  
J Douglas Home  
Morair agus Baintighearna Hope à Craighead  
Sir Sandy agus Lady Crombie  
James agus Amanda Garden  
Flora Hunter  
Jennifer, Bana-mharcas Bhòid  
Alan Johnston  
Robert Ker  
Barrie agus Janey Lambie  
Brian agus Tari Lang  
Gavin Law agus Joanne McLean-Law  
Robert agus Shona Lightbody  
Roger Alexander Lindsay of Craighall

Page 28:

Lynda Logan  
Elizabeth Lornie

Duncan agus Ellie Mackinnon  
Simon agus Catriona Mackintosh  
Fenella Maclean  
Miller agus Anne McLean  
Sir Hamish MacLeòid agus Baintighearna NicLeòid  
Ian agus Elizabeth Marchant  
Chris agus Gill Masters  
Alexander agus Elizabeth McCall Smith  
Angus McLeod agus Campbell Armour  
Malcolm McLeod  
James agus Iris Miller  
Keith agus Lee Miller  
Sir Ronald agus Baintighearna Miller  
Angus agus Angela Milner-Brown  
Derek agus Maureen Moss  
Malcolm agus Muriel Murray  
Tom agus Susan Murray  
Nicola Pickavance  
Sir William agus Baintighearna Purves  
Ian Rankin agus Miranda Harvey  
Shirley Richardson  
Ian Ritchie  
Paul Roberts agus Stephanie Donaldson  
An t-Iarla agus Ban-Iarla Rosebery  
Colin agus Hilary Ross  
Ian agus Fiona Russell  
William Samuel  
Barry agus Helen Sealey  
Andrew agus Alison Shepherd  
Alan agus Frances Steel  
David agus Alix Stevenson  
Katie Stevenson  
George agus Moira Stewart  
Ian agus Flora Sword  
Nick agus Katherine Thomas  
Mark Urquhart  
Judith agus Ian Wall  
Elizabeth G Whitelaw  
Kenneth Wilkie  
Morair agus Baintighearna Wilson à Tillyorn  
Sarah Whitley agus Graham Whyte  
Eilidh Wiseman  
Bill Zachs agus Martin Adam

Tha sinn cuideachd airson taing a thoirt dhaibhsan a tha air stiùireadh, eòlas agus ùine a thoirt seachad airson taic a chumail ri obair Thaisgaidh Nàiseanta Alba.

### **Bòrd nan Urrasairean**

Bruce Minto OBE, Cathraiche  
Ann Allen  
Professor Mary Bownes OBE  
The Hon Adam Bruce Gordon Drummond  
Christopher Fletcher  
Dr Brian Lang CBE  
Lynda Logan  
Dr Catriona McDonald  
Miller McLean  
Professor Walter Nimmo OBE  
Janet Stevenson  
James Troughton  
Eilidh Wiseman

Caption:

1 Lachlan Peel, treòraiche Gàidhlig a' stiùireadh luchd-tadhail anns a' ghaileiridh *Animal World* aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Page 29:

Captions:

2 Neach-tadhail òg aig *Wartime Experience* aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itelaich  
3 Neach nuadh-ealain, Pinkie Maclure a' coimhead dealbhadaireachd de a cuid obrach fhèin airson an taisbeanaidh, *Art of Glass*.

### **Bòrd Iomairtean Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba**

Gordon Drummond, Cathraiche  
The Hon Adam Bruce  
Aileen Lamb  
Bruce Minto OBE  
Keith Pentland  
Dr Gordon Rintoul CBE FRSE  
Stephen Whitelaw

### **Bòrd Leasachaidh**

Malcolm Offord, Cathraiche  
Colin Dempster  
Lynda Logan  
Bruce Minto OBE

Professor Walter Nimmo CBE Leith Robertson  
Lady Shona Stewart  
Eric Young

**Stiùirichean Stèidheachd Ameireaganach Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba**

Christopher Gow  
Lynda Logan  
A J C Smith

Bu mhath leinn taing mhòr a thoirt do dh'Urrasairean Urras Carthannach nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta airson an cuid taic leantainneach.

James Ferguson, Cathraiche  
The Hon Kathleen Dalyell of The Binns  
Lady Elizabeth Edward  
Jo Elliot  
Kenny Greig  
Bruce Minto OBE  
Martin Sinclair

Tha an tuilleadh fios air ciamar a b' urrainnear a thighinn an sàs no taic a chumail ri ar cuid obrach aig an Sgioba Leasachaidh againn air 0131 247 4095, no [development@nms.ac.uk](mailto:development@nms.ac.uk)

Page 31:

Caption:

Bualadh bhasan airson gluasadan ealanta Fly Right Dance Company aig an tachartas *Wartime Experience* aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich.

Page 32:

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba a' glèidheadh cruinneachaidhean taigh-tasgaidh a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta, gan taisbeanadh is gam mìneachadh airson raon farsaing de dhaoine.

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba  
Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich  
Taigh-tasgaidh Nàiseanta Dùthchail  
Taigh-tasgaidh Nàiseanta Cogaidh  
Ionad Chruinneachaidhean nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta

Tha an Aithisg agus Cunntasan Bliadhna againn ri fhaighinn aig [www.nms.ac.uk/review](http://www.nms.ac.uk/review)

Tha an dreach Beurla den Chunntas seo ri fhaighinn aig [www.nms.ac.uk/review-2018](http://www.nms.ac.uk/review-2018)

Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba  
Sràid Chambers  
Dùn Èideann EH1 1JF

0300 123 6789  
[info@nms.ac.uk](mailto:info@nms.ac.uk)  
[www.nms.ac.uk](http://www.nms.ac.uk)

Àireamh Carthannais Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba SC011130

Dealbh a' Chòmhdach: Taghadh de nithean anns an taisbeanadh samhraidh, *Rip It Up: The Story of Scottish Pop*.

Tha an Cunntas Bliadhna seo ri fhaighinn ann an clò mòr, Braille agus air CD.